

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Iain Ruadh Stiùbhart (1)

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh 's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 10.00 pm on Sunday, following the Gaelic Learners' programme 'Beag air Bheag', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,046. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 4.03 pm each Sunday. Litir Bheag 742 corresponds to Litir 1,046. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learnghaelic.scot/litir](http://www.learnghaelic.scot/litir).*

*Aig taobh sruthain na shuidhe, 's e sgrìobhadh  
Tha an Crìosdaidh bochd, Iain Ruadh,  
Na cheatharnach, fhathast gun sìth  
'S a chas air tuisleadh san tìm gu truagh.*

Tha sinn air a bhith ann am Bàideanach is Srath Spè thar grunn seachdainean. Mus fhàg sinn an sgìre sin, tha mi airson innse dhuibh **mu fhear de na daoine as ainmeile riamh a bhuineadh dhi** – Iain Ruadh Stiùbhart. 'S e a sgrìobh an earrann leis an do thòisich mi an Litir – a' chiad rann de *dh'Ùrnaigh Iain Ruaidh*.

'S e bàrd a bh' ann an Iain Ruadh, ach fad a bharrachd na sin. Bha e na shaighdear cliùiteach, na phìobaire agus na ruagalaiche, am measg eile. Bha e cuideachd na Sheumasach ainmeil, agus na chomhairliche don Phrionnsa Òg, Teàrlach Stiùbhart. Tha cuid dhen bheachd gur e Iain a chleachd an sgrìobhaiche Raibeart Louis Stevenson mar mhodail airson Ailean Breac Stiùbhart anns an nobhail aige 'Kidnapped', seach am fìor Ailean Breac fhèin.

Rugadh Iain Ruadh ann an Cnoc Chinn Chàrdainn, faisg air Uisge Spè, anns a' bhliadhna seachd ceud deug. **B' e a sheanair am fear mu dheireadh de Bharain Chinn Chàrdainn.** Fhuair Iain òg foghlam math, agus chuir e seachad ùine air tìr-mòr na Roinn-Eòrpa.

Naoi bliadhna mus do dh'èirich na Seumasaich ann an ceathrad 's a còig (1745), bha Iain Ruadh anns a' phrìosan ann an Inbhir Nis. Bhris e a-mach às agus chaidh e gu taigh 'ic Shimidh, ceann-cinnidh nam Frisealach. A rèir fianais aig cùis-chùirte 'ic Shimidh, an dèidh Ar-a-mach nan Seumasach, bhruidhinn an dithis mun àm nuair a thigeadh Teàrlach Òg a-null, agus mar a bhiodh cogadh ann, leis an amas Rìgh Seumas a chur air ais air an rìgh-chathair.

Bha Iain Ruadh greis na shaighdear air tìr-mòr na Roinn-Eòrpa – air taobh na Frainge. Thàinig e an aghaidh a shàr nàmhaid – Diùc Chumberland – aig Blàr Fontenoy anns a' Chèitean seachd ceud deug, ceathrad 's a còig (1745). Trì mìosan an dèidh sin, chuala e an naidheachd gun robh am Prionnsa air a bhratach a thogail air a' Ghàidhealtachd. Cha b' e ruith ach leum dha tilleadh dhachaigh, agus choinnich e ri arm nan Seumasach ann am Blàr Athall. Chuir e rèisimeid ri chèile ann an Dùn Èideann – *The Edinburgh Regiment* – ged a bha mòran de na bh' innte às a' Ghàidhealtachd.

Bha Iain an sàs ann an grunn chathan eadar na Seumasaich agus armailt a' Chrùin ann am Bliadhna a' Phrionnsa. Bha a rèisimeid gu mòr an urra ri obair cuairtearachd is freiceadain air an rathad gu tuath, an dèidh gun do thionndaidh iad aig Derby.

Aig Blàr Chùil Lodair, bha Iain Ruadh os cionn a rèisimeid – a bha mar phàirt dhen chiad loidhne a dh’fhuiling gu dubh. A rèir beul-aithris, chunnaic Cumberland e, agus e a’ marbhadh shaighdearan dearga gu leòr. ‘Cò esan?’ dh’fhaighnich e.

‘Iain Ruadh Stiùbhart,’ fhreagair oifigear aige.

‘A Thighearna,’ thuirt Cumberland, ‘am fear a dh’fhàg mi ann am Flànras, a’ dèanamh obair deichnear ghaisgeach?! A bheil e air tighinn air mo thòir an seo?’

Ach mar a tha fios againn, chaidh an latha le Cumberland. Theich Iain Ruadh tro Ghortlaig agus choinnich e ris a’ chòrr de dh’arm nan Seumasach ann an Ruadhainn faisg air Ceann a’ Ghiùthsaidh. Chì sinn anns an ath Litir dè thachair dha an uair sin.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Crìosdaidh: *Christian*; Bàideanach is Srath Spè: *Badenoch and Strathspey*; Iain Ruadh Stiùbhart: *John Roy Stuart*; ùrnaigh: *prayer*; ruagalaiche: *fugitive*; Cnoc Chinn Chàrdainn: *Knock of Kincardine*; rìgh-chathair: *throne*; Blàr Athall: *Blair Atholl*; rèisimeid: *regiment*; armailt: *army*; Bliadhna a’ Phrionnsa: *1745-6*; Blàr Chùil Lodair: *The Battle of Culloden*; Flànras: *Flanders*; Gortlaig: *Gorthleck*.

**Abairtean na Litreach:** Aig taobh sruthain na shuidhe, ’s e sgìth: *sitting by the side of a stream, and he tired*; na cheatharnach, fhathast gun sìth: *who is a fighting man, still without peace*; a chas air tuisleadh san tìm gu truagh: *his foot having just stumbled poorly [he had sprained an ankle]*; bha e cuideachd na Sheumasach ainmeil, agus na chomhairliche don Phrionnsa Òg, Teàrlach Stiùbhart: *he was also a famous Jacobite, and an adviser to Bonnie Prince Charlie*; a chleachd an sgrìobhaiche X mar mhodail airson Ailean Breac Stiùbhart: *which the writer X used as a model for Allan Breck Stewart*; tìr-mòr na Roinn-Eòrpa: *the continent of Europe*; mus do dh’èirich na Seumasaich: *before the Jacobites rose*; taigh ’ic Shimidh, ceann-cinnidh nam Frisealach: *the house of Lovat, the head of the Frasers*; a rèir fianais aig cùis-chùirte ’ic Shimidh: *according to testimony at Lovat’s trial*; thàinig e an aghaidh a shàr nàmhaid: *he came up against his mortal enemy*; gun robh am Prionnsa air a bhratach a thogail air a’ Ghàidhealtachd: *that the Prince had raised his banner in the Highlands*; cha b’ e ruith ach leum dha tilleadh dhachaigh: *he returned home as fast as he could*; an urra ri obair cuairtearachd is freiceadain air an rathad gu tuath: *involved in scouting and guarding on the journey north*; a’ marbhadh shaighdearan dearga gu leòr: *killing many redcoat soldiers*; a’ dèanamh obair deichnear ghaisgeach: *doing the work of ten heroes*; air mo thòir: *in pursuit of me*; an Ruadhainn faisg air Ceann a’ Ghiùthsaidh: *Ruthven near Kingussie*.

**Puing-chànain na Litreach:** *mu fhear de na daoine as ainmeile riamh a bhuneadh dhi:* about one of the most famous people that ever belonged to it. Notice the use of the feminine (3rd person singular) prepositional pronoun dhi ‘to her’. Why feminine? Because it refers back to the word sgìre in the previous sentence, which is feminine.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** *B’ e a sheanair am fear mu dheireadh de Bharain Chinn Chàrdainn:* his grandfather was the last of the Barons of Kincardine.

*Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA*